

Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifis a' BhBC, Glaschu

Diciadain 5 Sultain 2018, 1000-1300

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Iain Stephen Moireasdan (*sa Chathair*) Magaidh Choineagan
Calum MacFhearghais Jo NicDhòmhnail

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*An t-Àrd-Oifigear*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)
Bill MacLeoid (*Deasaiche Coimiseanaidh*) - *airson puing 6*

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)
Una NicDhòmhnail (*BBC Gàidhlig*) – *airson puing 6*
Eilidh Rankin (*Cànan Graphics Studio*) – *airson puing 6 & 7*
Diobhail Wentworth (*a' gabhail nòtaichean*)
Fiona NicCoinnich (*Manaidsear an Aonaid Dhidseataich*) – *airson puing 7*

Ron choinneimh thadhail buill air stiùdio ùr nam prògraman cloinne aig BBC ALBA agus chunnacas clàradh de mhìrean CBBC ALBA.

1. Leisgeulan

Catriona Nic a' Phì.

2. Gnothach Dearbhte

Mhinich Jo NicDhòmhnail gu robh i gu bhith ag eadar-theangachadh sgeulachdan airson prògraman ùra chloinne air BBC ALBA, maoinichte leis a' BhBC. Mhinich i cuideachd gun robh i na ball air bòrd Sabhal Mòr Ostaig.

Dh'innis Calum MacFhearghais gun robh e ag obair air bhidiothan airson LearnGaelic.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 22/3/18

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

LearnGaelic – thug an t-Àrd-Oifigear seachad aithris ghoirid air adhartas, a’ comharrachadh gum biodh Deasaiche LearnGaelic a’ gluasad gu MG ALBA bhon BhBC agus gun robh obair ùr, Oifigear Dhàimhean Didseatach, ga shanasachadh. Bhathas an dùil gum biodh sgioba choimiseanaidh BBC ALBA air chomas neach le eòlas sònraichte ann an stuthan ionnsachaidh a chur an sàs, agus gun robh dùil ri dreuchd ùr ann am buidheann poblach eile, Manaidsear Ionnsachaidh, a bhiodh a’ co-òrdanachadh ionnsachadh inbhich eadar iomairtean aig ìre coimhearsnachd/foghlaim agus an ro-innleachd didseatach. Dh’iarr a’ Chomataidh gum biodh ceannardas soilleir ann. Chaidh innse gun deach stuthan ionnsachaidh a choimiseanadh agus b’ e Uist Films a tha gan cruthachadh ann an co-obrachadh le sgioba teicnigeach MG ALBA.

Trèanadh – tha an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd agus an Ceannard Seirbheis air a bhith a’ coinneachadh le na riochdairean air fad agus tha seo air toirt a-steach conaltradh air trèanadh. Bidh na coinneamhan seo deiseil aig deireadh na mìos agus bidh barrachd fios ann an uair sin air dè na feumlachdan a th’ ann. Tha cuireadh gu bhith a’ dol gu MacTV agus Caledonia TV a thighinn gu coinneamhan trèanaidh.

Caledonia TV – thog iad ceist a thaobh còraichean agus às dèidh còmhradh bha e soilleir gur e dìreach mi-thuigse a bh’ ann.

Chaidh innse mun choinneimh a ghairm an Leas Phrìomh Mhinistear, John Swinney BPA, agus a gabh àite faisg air Peairt air 9/8/18. Chaidh innse gun robh ceannardas ann an cuid de roinnean obrach a’ tuiteam air MG ALBA, agus gun robh dùil gum biodh Meòrachan Còrdaidh ri aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Thèid fios a chumail ris a’ Chomataidh. (Gnìomh: DC)

Chaidh innse gu bheil na *idents* air an ùrachadh agus gum bi iad a’ tòiseachadh air an t-seanail bho 17/9/18.

5. Lèirmheas na ràithe mu dheireadh agus sùil air adhart

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mineachadh na raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais agus thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh orra.

Chaidh deasbad a chumail air na h-àireamhan bho Q2 agus na dùbhlain a th' ann. Chaidh innse gu bheil obair a' dol a' coimhead air mar a thathar a' libhrigeadh nam meadhanan sòisealta a thaobh structar an sgioba.

Chaidh deasbad a chumail mu 'Nochd' agus chaidh aithneachadh gur e deagh bheachd a bh' ann fheuchainn ach gu bheil e a-nis air dearbhadh nach e 'celebrity access' obair na-seanail ach gu bheil feum air cothroman airson leasachadh tàlant ùr.

Modailean co-obrachaidh: tha còmhraidh agus conaltradh ann le Steve Carson agus tha dòchas ann gum bi co-obrachadh a' tachairt aig tachartasan m.e Belladrum, TRNSMT, Celtic Connections.

Clàr an Fhoghair: Bha foillseachadh soirbheachail agus diofraichte ann airson 2018 agus chaidh aithneachadh na tha Bill MacLeòid air a thoirt dhan sgioba le FUNC agus CBeebies/CBBC ALBA – dà leasachadh air leth cudromach.

Chaidh meal-a-naidheachd agus taing a thoirt do dh'Iseabail Nic an t-Sagairt agus na tha i air coileanadh le ball-coise nam bànn. Bho seo a-mach bidh geamannan farpaiseach sgioba Alba air an cluich aig an taigh airson na h-ath thrì bliadhna air an t-seanail, geamannan a bharrachd bhon lìog nàiseanta, geamannan bho Lìog nan Sàr Sgiobaidhean Ban UEFA agus comas aig an t-seanail geamannan Albannach bho Chupa Chruinne Ban FIFA a chraoladh.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air obair conalaidh agus shanasachd phrògraman sa chairteal mu dheireadh agus chaidh an obair aca a mholadh.

6. Clann

Rinn Una NicDhòmhnaill agus Bill MacLeòid taisbeanadh mun chruth atharrachadh a thathas a' cur an gnìomh airson clàr chloinne BBC ALBA – Cbeebies ALBA airson clann fìor òg agus CBBC ALBA airson an fheadhainn a tha beagan nas sinne. Chaidh innse gum biodh seirbheis ùr chloinne BBC ALBA a' toiseachadh aig 5f air 19/918, agus gum biodh e air a h-uile latha den bhliadhna.

Chaidh aithneachadh nach b' e 5f an t-àm tòiseachaidh buileach as fheàrr airson clann fo aois sgoile agus, ged a bhatas ag aithneachadh na duilgheadasan practigeach a bhiodh ag èirigh

nam biodh clàr BBC ALBA a' toiseachadh nas tràithe, chaidh dearbhadh gun rachadh ceist àm tòisichidh a chumail fo shealladh.

Chaidh deasbad a chumail mu na bhiodh ri fhaicinn air an iPlayer agus am buannachd a thaobh aithne a bhiodh a' tighinn bho bhrannnd Cbeebies agus CBBC.

Chaidh innse, ri linn nach robh Cbeebies airson a bhith air an ceangal re brannd choimearsalta, nach biodh Peppa air BBC ALBA tuilleadh, ach gum biodh e air an iPlayer fo bhratach BBC ALBA.

Chaidh aitheachadh nach rachadh na mìrean ùra beò fhaicinn air an iPlayer (ach a-mhàin aig àm craolaidh beò) ach gun rachadh brosnachadh a dhèanamh air pàrantan an cuid chloinne a stiùireadh chun phrògram beò.

Chaidh aithne a dhèanamh air an obair ionmholt a rinn sgioba coimiseanaidh BBC ALBA agus sgioba BBC Gàidhlig, agus chaidh taing mhòr a thoirt dhaibh airson am brosnachadh a tha iad a' toirt seachad leis an obair seo.

7. Deugairean

Thugar fios dha na buill gum bi cuairt coimiseanaidh fa-leth ann airson stuthan goirid a thèid air-loidhne agus gu bheil an amas ann stuthan fèin-chruthaichte a bhròsnachadh.

Fhuair na buill fios bho Fiona NicChoinnich air mar a tha aonad didseatach (Digital Hub) MG ALBA air a bhith ag obair thar na bliadhna a chaidh seachad agus an obair a tha iad a' dèanamh agus BBC ALBA a bhith na phàirt de beatha làitheil slugh tro na meadhanan sòisealta.

Rinn Eilidh Rankin taisbeanadh air an t-eòlas a tha Cànan air a thogail thairis air na 10 bliadhna a tha iad air a bhith a' libhrigeadh FilmG. Chaidh innse mun bhuaidh mhòr a bha aig oidean air clann sgoile agus chaidh aithneachadh gun robh FilmG gu mòr an eisimeil an deagh obair a tha iad a' dèanamh.

Chaidh aithneachadh gun robh comas sa Ghàidhlig na dhùbhlann cumanta, an dà chuid a thaobh misneachd agus comas labhairt, agus aig amannan gur ann sna coimhearnsachdan Gàidhlig a bhiodh an dùbhlann seo ag èirigh.

Chaidh bruidhinn mu na h-amasan aig Cànan ann a bhith a' brosnachadh stuthan fèin-chruthaichte agus bha buill air am brosnachadh leis an amas agus le na planaichean.

Chaidh deasbad a chumail agus chaidh taing mhòr a thoirt do Chànan airson am brosnachadh a tha iad a' toirt seachad leis an obair seo. Chaidh cuireadh a thoirt do Chànan tilleadh ann an 6 mìosan gus fios a thoirt do na buill air mar a tha cùisean a' dol leis an iomairt aca stuthan fèin-chruthaichte a bhrosnachadh.

8. Rèidio

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh a' phrìomhachas a bha MG ALBA a' cur air ionnsachadh an-dràsta a thaobh rèidio, agus chaidh gabhail leis an sin. Dh'iarr buill cuimhne a chumail air gnèithean eile, agus cuideachd na cothroman a thaobh leasachadh tàlant an luib rèidio.

9. Aithisgean Dèanadais Q1 2018/18

Pasgan Air-loidhne – chaidh seo a chomharrachadh.

10. GISBE

Dh'iarr buill beachdan air a' cho-obrachadh a chaidh air adhart leis 'The One Show'. Chaidh aontachadh gur b' fhiach fheuchainn ach gum biodhamaid a' seachnadh a leithid san t-àm ri teachd.

Chaidh innse gu bheil dòchas ann gum bi dà àite air cùrsa maighstireachd leis a' chuspair 'virtual reality'/ionnsachadh/geamaichean anns a' Ghàidhlig air a mhaoineachadh cha mhòr air fad eadar Oilthigh Ghlaschu agus MG ALBA. Tha cuideachd dòchas ann gum bi PhD air an aon chuspair air a mhaoineachadh anns an aon dhòigh.

Thog a' Chomataidh taing agus soraidh slàn do Mhagaidh Choineagan agus seo a' choinneamh mu dheireadh den Chomataidh aig am biodh i an làthair. Thuirt Magaidh gu robh e cho math gu robh a' choinneamh mu dheireadh aice cho misneachail.

11. Deit na h-ath choinneimh – 5/9/18, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: